

BÒRD NA GÀIDHLIG
PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2017-2022
CO-CHOMHAIRLEACHADH POBLACH

FREAGAIRT BHO CHOMANN LITREACHAS GÀIDHLIG NA H-ALBA
(SCOTTISH GAELIC TEXTS SOCIETY)

Chaidh Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba a stèidheachadh ann an 1934, agus on uair sin, tha an Comann air sreath de leabhraichean Gàidhlig fhoillseachadh, nam measg deasachaidhean sgoileireil de bhàrdachd a rinneadh le cuid mhath dhe na bàird as cudromaiche againn, taghaidhean dhen rosg Ghàidhlig as fhiachaile, agus eile. Tha an Comann air a bhith gu math dripeil thar nam beagan bhliadhnaichean mu dheireadh. Tha sinn air taic-airgid fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig roimhe, agus tha sinn gu math taingeil airson a leithid sin de thaic, rud a rinn an obair againn nas fhasa. Tha a' mhòr-chuid dhe na daoine a tha a' deasachadh nan teacsaichean againn ag obair ann an oilthighean, agus tha na dleasnasan aca a' sìor-fhàs, rudeigin a nì obair-rannsachaidh san fharsaingeachd agus obair-deasachaidh gu h-àraid nas doirbhe. Le sin, tha an taic-airgid gu math feumail ann a bhith a' saoradh sgoilearan bho co-dhiubh cuid dhe na dleasnasan eile. Tha sinn an dòchas gum bi Bòrd na Gàidhlig deònach an seòrsa taice seo a thabhann dhuinn a-rithist san àm ri teachd.

Tha sinn gu math riarichte leis na prìomh-amasan a tha air nochdadh anns an dreachd Plana Nàiseanta, oir tha meudachadh anns na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig deatamach. Tha sinn am beachd gu bheil obair a' Chomainn a' cur ris na prìomh-amasan seo, agus an fheadhainn a chaidh a shònrachadh air td. 6: a' cur iomhaigh dheimhinneach air adhart airson na Gàidhlig; ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh; agus, fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig. Tha na leabhraichean againn a' taisbeanadh neamhnaidean prìseil ar litreachais, rudeigin a dh'àrdaicheas iomhaigh na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an sùilean luchd-labhairt na Gàidhlig fhèin. Thèid na leabhraichean againn a chleachdadh le sgoilearan, oileanaich agus luchd-ionnsachaidh gus an cuid eòlais air ar dualchas litreachais a mheudachadh, ar cultar agus ar n-eachdraidh a thuigsinn nas fheàrr, agus gus tlachd fhaighinn.

Tha sinn toilichte gun deach iomradh a dhèanamh air foillseachadh ann an earrann 5, 'A' Ghàidhlig ann an Alba', fon cheann-sgrìobhadh 'A' Ghàidhlig anns na h-Ealain'. Ach tha sinn dhen beachd gum biodh e freagarrach nan robh an earrann sin na bu làidire agus na bu mhionaidiche. Tha e cudromach gum faighear iomradh cinnteach agus susbainteach air 'litreachas', no 'litreachasan' anns a' Phlana Nàiseanta, seach dìreach 'foillseachadh', oir tha litreachas fhèin cho cudromach ri rud sam bith eile ann an cultar sam bith. 'S ann sa litreachas a gheibhear 'ealain', agus 's e litreachas aig a bheil na buaidhean a chaidh ainmeachadh leinn mu thràth, sa pharagraf mu dheireadh an-seo. Tha e cudromach gum bithear a' leudachadh ar litreachasan, agus tha pàirt chudromach aig a' Chomann san obair sin, comhla ri buidhnean agus foillsichearan eile, agus tha e cudromach, nar beachd-ne, gun tèid sin ainmeachadh sa Phlana Nàiseanta. Tha litreachas dualchasach miorbhaileach againn, agus tha e cudromach gum faigh an dualchas sin aithneachadh ann am poileasaidhean, leithid a' Phlana Nàiseanta. Is math gu bheil am Plana a' toirt aithneachadh do fhoillsichearan agus sgrìobhadairean, ach bu chòir dhan Phlana aithneachadh a thoirt do leughadairean, cuideachd, agus na feumannan eadar-dhealaichte a bhios aca. Nar beachd-ne, bhiodh ro-innleachd a thaobh feumannan leughadairean glè fheumail is, gu dearbh, deatamach. Tha pàirt chudromach aig a' Chomann ann a bhith a' frithealadh feumannan diofar seòrsaichean leughadairean, ged a tha pàirt chudromach aig buidhnean

agus foillsichearan eile sa ghnothach seo, cuideachd. Le sin, ged a tha sinn toilichte gun deach Comhairle nan Leabhraichean agus Acair ainmeachadh, bhiomaid dhen bheachd gum bu chòir buidhnean eile aithneachadh soilleir air aodann a' Phlana fhaighinn, an Comann againn, Cuilean Craicte, agus Clàr nam measg. Tha sinn am beachd gu bheil sinn uile a' dèanamh obair ionmholta a tha airidh air aithneachadh.

Tha sinn an dòchas gum bi na beachdan seo feumail dhuibh ann a bhith a' deasachadh dreachd dheireannach a' Phlana, agus tha sinn a' guidhe gach soirbheas dhuibh san obair seo.

Is mise le meas,

An t-Oll. Robert Dunbar,
as leth Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba